

A Charaid,

Bu mhath leam beachdan goirid a thoirt dhuibh mu dhreachd a' Phlana Nàiseanta. Tha mi a' dol gu tur leis an lèirsinn a tha anns an dreachd, gus cleachdadh na Gàidhlig 'àbhaisteachadh' 's a bhrosnachadh ann an Alba – ged a tha laigsean ann, gu h-àraidh (bho m' shealladh-sa 's mi ag obair ann an roinn oilthigh), cho beag tuigse is a bha aig na sgrìobhadairean air na tha ga dhèanamh airson na Gàidhlig tro mheadhan na Gàidhlig sna h-oilthighean an-dràsta, agus am pàirt a b' urrainn a bhith aig na roinnean oilthigh ann an leasachadh na cànan. Ach air a shon sin, 's e sgrìobhainn math riatanach a tha ann, 's e gu h-àraidh làidir san Ro-innleachd Foghlaim agus san Stiùireadh air Planaichean.

On a chuir mi mar-thà ri freagairtean dà bhuidhne a thig thugaibh, cha thog mi puing sam bith an seo air susbaint a' Phlana, ach air cur-an-cèill is cur-air-duilleig. Chan eil dùil gum biodh sgrìobhainn mar seo sìmplidh, 's e ag amas air farsaingeachd agus doimhne, agus air bruidhinn ri eòlaichean agus am mòr-shluagh, ach saoilidh mi gu bheil am Plana air uairean nas doilleire dorra na dh'fheumar. Mar eisimpleir:

- Ma 's e **spionnadh** 'an earrann as bunaitiche' (d.9), chan eil seo follaiseach bho choltas a' Phlana. B' fheàrr gu robh e soilleir, tro structar a' phlana no tro dhealbh, gun tig spionnadh (san dachaidh, sa choimhearsnachd, m.s.a.a.) tro leasachaidhean ann an Inbhe, Foghlam, Cultar agus Conaltradh.
- **'Pròiseict Roinneil' / 'Sectoral Project'**: chan eil e soilleir dè tha anns na 'pròiseactan' seo, no gu dè an ceangall a tha aca leis na pròiseactan a gheibhear ann an Eàrr-sgrìobhadh 1. An e prìomh amasan praitigeach a tha annta? Agus nach b' fheàrr iad mar cheann aig toiseach gach earainn, còmhla ri 'Amas airson 2012'?
- **'Cothrom air Susbaint' / 'Content Access'** (d.40). Dh'fhaodadh gur e dreuchd-chainnt a tha seo a thuigeas proifeiseantaich sna meadhanan, ach an tuig duine eile e, ann am Beurla no Gàidhlig? As dèidh dhomh am Plana a leughadh grunn tursan agus a' cheist a thogail aig coinneamh cho-chomhairleachaidh a bharrachd, fhathast chan eil mi cinnteach gu dè tha ann. Agus ma tha 'Content access' ciallach do ghrunnan phroifeasantaich thèid mi an geall nach eil 'Cothrom air Susbaint' so-thuigsinn (no feumail) do dhuine sam bith. Tha cànan mar seo na bhacadh mòr ann a bhith a' leantail agus a' gabhail ris a' Phlana. Carson nach sgrìobhar 'Craoladh: Susbaint is Luchd-amhairc' / 'Broadcasting: Content and Audience', no leithid? ['Luchd-cleachdaidh'?... rèidio...]
- **Prìomhachasan**: air cho sgiobalta is a tha e, chan eil mi a' tuigsinn carson a chuinglich na sgrìobhadairean iad fhèin gu sia prìomhachasan ann am pàtran 1-2-3 (a rèir ìrean), airson gach uile raon. Air uairean tha am prìomh amas a' seasamh leis fhèin, ach uairean eile chan eil ann ach prionnsapal farsaing a ghabhas a-steach na prìomhachasan eile. Bhiodh e cuideachail a bharrachd an ceangal eadar prìomhachasan fa leth (san aon raon) a shoilleireachadh, dè tha an urra ri prìomhachas eile ('fo-phrìomhachas', mar gum biodh), m.e. gur ann bhon Bhuidhinn-stiùiridh Nàiseanta airson Planadh Corpais (tro Acadamaidh?) a thig aontachadh air litreachadh, faclairachd, grammar, 's m.s.a.a.
Bheil feum air trì ìrean? Is math a bhith seòlta mu gheallaidhean luchd-polataigs, ach an e am Plana Nàiseanta an t-àite as fheàrr airson rabhadh air dè nach fhaigh maoinachadh mura bheil an luchd-sporain a' faireachdainn fialaidh?... Agus fo 'Inbhe: Seasamh', mar eisimpleir, nach eil 'aithneachadh air cleachdadh poblach na Gàidhlig...' a cheart cho cudromach ri 'aithneachadh air Gàidhlig mar chànan

oifigeil...’, ged a tha iad an seo aig ìrean eadar-dhealaichte? Dhomhsa bha an sgrìobhainn air a bhith fada na bu shoilleire le làimhseachadh nas sùbailte air na prìomhachasan: air uairean gach prìomhachas a cheart cho cudromach ris an fhear eile, uairean eile grunn phrìomhachasan an crochadh air sàr-phrìomhachas eile, ’s m.s.a.a.

- Chan eil e na chuideachadh a thaobh soilleireachd na **Gàidhlig** gur ann sa Bheurla a chaidh am Plana a sgrìobhadh an-toiseach (no co-dhiù, shaoilear bho dhoilleireachd na cànan an àiteannan gur ann sa Bheurla a rinneadh am Plana). Agus leis mar a tha leughadh na Gàidhlig nas dorra don mhòrchuid na tha leughadh na Beurla, bu chòir gum faigheadh an sgrìobhainn dearbhadh-leughaidh fìor mhionaideach gus droch Ghàidhlig no tro-chèile-sgrìobhaidh a cheartachadh (faic *Plana Nàiseanta* d.8 ‘sealladh a tha seo a tha nach eil...’, ‘... a tha a tha a’ cur’; no *Stiùireadh* d.11: ‘an dùbhlán a’ Phlana Nàiseanta’; ‘ag iarraidh gum bi cleachdadh...a chosnadh’, ‘ag iarraidh gum bi cothrom...agus làthaireachd...a chosnadh’).

Ach chòrd an coltas tlachdmhor soilleir a chaidh a chur air an dreachd rium, agus an dealachadh sgiobalta eadar Gàidhlig is Beurla (nas èifeachdaiche agus nas cuideachaile dhòmhsa na bhiodh cur-air-duilleig taobh-ri-taobh). San dealachadh bu mhath leam mo làn thaic a thoirt do dh’obair a’ Bhùird airson rùn a’ Phlana a thoirt gu buil.

Le gach deagh dùrachd

M. Byrne